

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

1220/403

Total

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2007

FRIDAY, 25 MAY
10.50 AM – 11.30 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Leughadh

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

Town

Forename(s)

Surname

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

Leugh gach earrann gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.

Tha Earrann A agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.

Tha Earrann B agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.



EARRANN A

Tha còrr is dà fhichead bliadhna bho thachair an rud neònach a tha seo, ach chuir e iongnadh cho mòr orm is nach dìochuimhnich mi gu bràth e. Aig an àm, bha mo dhreuchd gam thoirt air feadh iomadh eilean, bho Leòdhas gu Bhatarsaigh is bhon Eilean Sgitheanach gu Eilean nam Muc. An latha a bha seo, bha mi aig a' chidhe, a' feitheamh ri bàt'-aiseig airson mo thoirt gu tìr-mòr a-rithist.

Bha a' ghrian air a dhol fodha is bha an aimsir tais, ciùin is beagan de cheò ann. Bha a' mhuir mar ghlainne agus an t-sàmhchair cho domhainn is gun do shaoil mi nach robh duine beò air an t-saoghal ach mi-fhèin. An ceann greis, dh'fhairich mi gun robh cuideigin eile faisg air làimh. Cha b' fhada gus am faca mi cò bha ann. Thàinig an duine a-mach às a' cheò mar gum b' ann a' seòladh a bha e. Shuidh e ri mo thaobh is chuir e fàilte chridheil orm ann an guth socair.

Thug mi sùil cheart air airson a' chiad turais agus mhothaich mi gu robh làrach fhada, dhearg air taobh clì aodainn far an deach an craiceann a losgadh air falbh. Ged a rinn an lannsair obair mhìorbhaileach, bha iomhaigh an duine air a milleadh. Anns a' bhad, thòisich e a' bruidhinn. "Tha mi a' dol a dh'innse stòiridh dhut ach cha do dh'innis mi do dhuine e riamh roimhe. Tha mi an dòchas nach cuir mi dragh ort."

Chrath mi mo cheann agus lean e air. "Aig àm cogaidh, bha mi den bheachd gur e fìor ghaisgeach a bha anns an duine a leigeadh sìos a bheatha airson a chàirdean."

Dh'aontaich mi leis ach fhreagair mise nach biodh fios aig duine dè dhèanadh e fhèin gus am biodh e ann an suidheachadh èiginneach. Cha robh e follaiseach fhaicinn dè bha a' cur dragh air an duine ach bha a bhriathran is a choltas air m' aire a ghlacadh.

CEISTEAN

1. Cuin a thachair an rud neònach seo?

2

2. Dè tha a' sealltainn gun robh buaidh mhòr aig seo air an ùghdar?

2

3. Ainmich facal eile a tha a' ciallachadh an aon rud ri *dreuchd*.

1

4. Dè bha e a' dèanamh air an latha a bha seo?

2

5. Dè tha a' sealltainn gun do thachair seo feasgar?

1

6. Cò ris a bha an t-sìde coltach?

3

7. Dè a' bhuaidh a bha aig an t-sàmhchair air an ùghdar?

2

[Tha ceistean 8, 9, 10, 11 agus 12 air duilleag a ceithir

8. Innis mar a nochd an duine eile.

2

9. Cò ris a bha aodann an duine coltach?

4

10. Dè bha an duine a' smaoinichadh a bh' ann an gaisgeach?

2

11. A rèir an ùghdair, cuin a bhiodh fios aig duine dè bha e fhèin comasach air a dhèanamh?

1

12. Dè tha a' sealltainn gun robh ùidh aig an ùghdar anns na chuala e?

2

(24)

[Tionndaidh an duilleag airson Earrann B

EARRANN B

Chòimhead an duine bochd a-mach gu muir agus bha inntinn air àm is àite eile fada air falbh. Mar shanas dhomh, shuath e an làrach dhomhainn a bha air a ghruaidh is chunnaic mi deòir na shùilean.

“Aig àm a’ chogaidh, b’ ann a’ seòladh a bha mi agus bhual dà thorpedo ann an cliathaich a’ bhàta air an robh mi agus chaidh i na teine. Chaidh i fodha ann an ùine ghoirid. Sgaoil an ola a dh’fhalbh aiste air uachdar na mara agus chaidh i na smàl cuideachd. Cha robh tìde aig na bha beò càil a dhèanamh ach leum dhan mhuir mun deach am bàta fodha. Nuair a thàinig mi an àirde bha an caraid a b’ fheàrr a bha agam ri mo thaobh. Rinn e gàirdeachas rium is ghabh e grèim bàis air mo ghàirdean bho nach robh comas snàmh aige. Cha robh càil air m’ inntinn ach faighinn air falbh bhon teas agus bhual mi mo charaid san aodann le mo dhòrn gus an do leig e às mi. Mar a chì thu, ghlac an teine mi, ach fhuair mi às air èiginn agus thog eathar mi. Chaidh mo charaid a bhàthadh agus chan eil fois air a bhith aig mo chogais bhon latha a chaill e a bheatha.”

Dh’fheuch mi ri beagan faochaidh a thoirt dha is mhìnich mi dha nach robh dòigh aige a charaid a shàbhaladh.

“S e tha a’ cur dragh orm nach do dh’fheuch mi!” fhreagair e ann an guth brònach. Gu h-obann, dh’èirich e, is chaidh e às mo shealladh a-rithist.

Nuair a nochd am bàt’-aiseig mu dheireadh, dh’innis mi dhan sgiobair an sgeul dhuilich a chuala mi. Sheall e orm le iongnadh. “Nach neònach an rud a tha thu ag ràdh,” thuirt e. “B’ aithne dhomh fhèin an duine sin. Rugadh is thogadh e anns a’ bhaile seo fhèin, ach creid e gus nach creid, chaidh am fear a chunnaic thu a thiodhhlacadh o chionn seachdain!”

Cha mhòr nach do stad mo chridhe!

CEISTEAN

1. Ciamar a thuig an t-ùghdar gun robh an duine a' smaoinichadh air ais air an latha a chaidh a ghoirteachadh?

3

2. Innis mar a bha am bàta air a milleadh?

4

3. Dè thachair dhan ola?

2

4. Dè rinn na fir a bha fhathast beò?

1

5. Seall mar a bha caraid an duine toilichte fhaicinn anns a' mhuir

2

6. Minich mar a fhuair an duine air falbh bho charaid.

3

[Tha ceistean 7, 8, 9, 10 agus 11 air duilleag a seachd

7. Dè tha a' sealltainn nach d' fhuair an duine thairis air an rud a rinn e?
- _____
- _____
- 2
8. Dè bu mhotha a bha a' cur dragh air an duine?
- _____
- _____
- 2
9. Dè rinn an t-ùghdar nuair a thàinig am bàt' -aiseig?
- _____
- _____
- 2
10. Dè am fiosrachadh a bha aig an sgiobair dhan ùghdar?
- _____
- _____
- _____
- _____
- 4
11. Dè a' bhuaidh a bha aig an fhiosrachadh sin air an ùghdar?
- _____
- 1
- (26)
- [50]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]